

H

*E. L. Blair*  
Blair. 232

"COMPEL THEM TO COME IN."

---

"CO-EIGNICH IAD GU TEACHD  
A STEACH:"

SEARMOIN,

LE C. H. SPURGEON,

EADAR-THEANGAICHTE LE ALASDAIR DUGHALLACH.

---

LONDON:  
THE RELIGIOUS TRACT SOCIETY;  
56, PATERNOSTER ROW; 65, ST. PAUL'S CHURCHYARD;  
AND 164, PICCADILLY.

No. 1.

“CO-EIGNICH IAD GU TEACHD A STEACH.”

LUCAS xiv. 23.

**T**HA mi 'na leithid de chabhaig gu dol a mach agus umhlachd a thoirt do'n aithne so an diugh, le bhi co-eigneathadh na muinntir a tha 'nis a deanamh moille anns na rathadaibh mora agus na callaidean gu teachd a steach, 's nach urrainn mi fuireach ri roimh-radh, ach gur eigin domh dol timchioll mo ghnothuich air ball.

Cluinnibh ma ta, O sibhse tha n'ur coigrich do'n fhirinn mar a tha i ann an Iosa! Cluinnibh ma ta an teachdaireachd a th'agam ri thoirt d'ur n-ionnsuidh. Thuit sibh; thuit sibh ann 'ur n-athair Adhamh; thuit sibh mar an ceudua annaibh fein, le 'ur peacadh lathail agus 'ur sior aingidheachd. Bhrosnuich sibh corruich an Ti is airde, agus cho cinnteach 's a pheacaich sibh, 's co cinnteach sin is eigin do Dhia peanas a dheanamh oirbh, ma bhuan-aicheas sibh ann 'ur n-aingidheachd; oir is Dia ceart an Tighearn, agus cha chaombain e air aon chor an ciontach. Ach nach cuala sibh, nach d' innseadh 'n 'ur clusaibh o cheann fhada, gu'n do dhealbh Dia, 'na throcair neo-chriochnach, rathad air an urrainn e trocair a dheanamh oirbhse a tha ciontach agus neo-airidh, gun bhriseadh air bith air 'onoir fein? Ribhse tha mi labhairt, agus tha mo ghuth ribhse O chlaunn nan daoine. Thainig Iosa Crìosd—neach is e an Dia fìor,—a nuas o neamh, agus rinneadh e an coslas feola peacaich. Air dha bhi air a ghintinn leis an Spiorad Naomh, rugadh e leis

an Oigh, Muire. Anns an t-saoghal so, chaith e 'bheatha anns an naomhachd bu mhaisiche agus anns an fhulangas bu doimhne, gus, mu dheireadh, an d'thug e suas e fein gu basachadh airson ar peacanna, "am firean airson nan neo-fluirean, chum gu'n d'thugadh e sinne gu Dia." Agus a nis tha inleachd na slainte gu soilleir air a nochdadh dhuibh. Co air bith a chreideas anns an Tighearn Iosa Criosd, saorar e.

Dhuibhse a bhris uil' aitheanta Dhe, agus a rinn tair air a throcair, agus a thug dulan d'a dhioghaltas, tha trocair fathast air a foillseachadh a mach, "oir ge b'e neach a ghairmeas air ainm an Tighearna tearnar e." "Oir is fìor an radh so, agus is airidh e air gach aon chor gabhail ris, gu'n d'thainig Iosa Criosd do'n t-saoghal a thearnadh pheacach d'am mise an ceud fhear." "An ti a thig d'a ionnsuidh, cha tilg e air chor sam bith a mach, oir tha e mar an ceudna comasach air an dream a thig a dh'ionnsuidh Dhe tridsan a thearnadh gu h-iomlan, do bhrìgh gu bheil e beo gu sìorruidh gu eadar-ghuidhe dheanamh air an son." A nis, 'se 'na tha Dia 'g iarruidh oirbhe, —agus so tha e toirt dhuibh—direach gu'n amhaire sibh r'a mhac a dortadh 'fhola agus a faghail a bhais, agus gu'n earb sibh 'ur n-anamaibh ann an lamhaibh an ti sin d'am buin an t-ainm a tha mhain comasach air tearnadh o'n bhas agus o ifrinn. Nach iongantach an ni nach 'eil searmonachadh an t-soisgeil so a faghail co-chordadh aon-intinneach o dhaoine? Shaoileadh neach, a cheart cho luath 's a rachadh so a shearmonachadh, ge b'e neach a chreideas, gu'm bi 'bheatha mhaireannach aige, gu 'n deanadh gach aon agaibhse greim air Iosa Criosd, agus gu'n sealladh sibh r'a chrann-ceusaidhsan a mhain, "gach duine a tilgeadh air falbh a pheacanna agus 'eu-ceart-an." Ach mo thruaighe! tha ar nadur cho coirbte olc, agus ar cleachdadh cho millteach truailidh, 's gu'm bheil an teachaireachd so air a dimeas, an suireadh gu cuirm an t-soisgeil air a chur air chul,

agus gu'm bheil moran dhìbhse a tha 'n diugh n'ur naimh-dìbh do Dhia le droch oibrìbh—'n 'ur naimh-dìbh do 'n Dia a tha cumail a mach Chrìosd dhuibh an diugh,—'n ur naimh-dìbh dhasan a chuir a mhac clum a bheatha thoirt mar eiric airson mhorain. 'S iongantach, tha mi 'g radh, gu'm biodh e mar so, gidheadh 's ann mar so a tha chuis, agus mar sin, tha feum air an aithne a th'anns a cheann-theagaisg, "Co-eignich iad gu teachd a steach."

A chlann Dhe, sibhse a chreid, cha bhì ach beagan no neo-nì agam ri radh ribhse an diugh. Tha mi dol dìreach gu m' ghnothuch—tha mi dol an deigh na dream leis nach aill teachd, an dream a tha anns na frith-rathadòibh agus na callaidean; agus ma theid Dia maille rium 'se mo dhleasnas a nis umhlachd a thoirt do'n aithne so, "Co-eignich iad gu teachd a steach."

*'Sa cheud aite, 's eigin domh 'ur faotainu a mach. 'S an dara h-aite, theid mi dh'obair gu'r co-eigneachadh gu teachd a steach.*

*An toiseach, 's eigin domh ur faotainu a mach.* Ma leughas sibh na rannan air thoiseach air a cheann theagaisg, gheibh sibh an aithne so air mhodh nì 's farsuinge. "Gabh a mach gu grad gu sraidibh agus gu caol-shraidibh a bhaile, agus thoir a steach, an so na bochdan agus na daoine ciurramach, agus na bacaich agus na doill." Agus 'na dheigh sin, "Gabh a mach gus na rathaidibh mora," thoir a stigh luchd an t-siubhail, luchd-coiseachd an rathaid mhoir "agus gus na garachaibh," thoir a stigh iadsan aig nach 'eil ionad fois d' an cinn, agus a tha laidhe fo na callaidean gu fois a ghabhail, thoir iadsan a stigh cuideachd, agus, "Co-eignich iad gu teachd a steach." Seadh, tha mi 'g 'ur faicinn an diugh, sibhs' a tha bochd. Tha mi gu sibhse 'cho 'eigneachadh gu teachd a steach. Tha sibh bochd ann an inbhe, ach cha 'n 'eil so 'na chnap-starraidh eadar sibh agus rioghachd neimh; oir cha do dhruid Dia a mach o ghras an duine a tha air chrith le fuachd, comhdaicnte

le luideagan, agus a dh'easbhuidh arain. Ma tha eadar-dhealachadh air bith air a dheanamh, gu dearbh, 's ann air ur taobh-sa tha 'n t-eadar-dhealachadh agus a bhuannachd. "D'ur n-ionnsuidh-se tha focal na slainte so air a chur," oir "tha 'n soisgeul air a shearmonachadh do na bochdaibh." Ach gu h-araidh 's eigin domh labhairt ruibhse 'tha *bochd gu spioradail*. Cha 'n 'eil creidimh agaibh, cha 'n 'eil deagh bheus agaibh, cha 'n 'eil obair mhaith agaibh, cha 'n 'eil gras agaibh, agus—bochdainn is mios' air fad—cha 'n 'eil dochas agaibh. Ah! chuir mo Mhaighstir cuireadh grasmhor d'ur n-ionnsuidh-se. Thigibh agus 'se 'ur beatha gu cuirm bhainnse a ghraidh. "Ge b'e neach leis an aill thigeadh e agus gabhadh e de uisge na beatha gu saor." Thigibh, 's eigin domh greim a dheanamh oirbh, ged tha sibh salach leis an truailidheachd is graineile, agus ged nach 'eil ach luideagan air 'ur druim, ged tha 'ur fireantachd fein air fas mar luideagan salach, gidheadh 's eigin domh greim a dheanamh oirbh, agus sibhse a chuireadh an toiseach, agus eadhon 'ur co-eigneachadh gu teachd a steach.

Agus a nis tha mi 'g 'ur faicinn a rithis. Cha'n e mham gu bheil sibh bochd, ach tha sibh *ciurramach*. Bha am anns an do shaoil sibh gu'm b'urrainn duibh 'ur slainte fein oibreachadh a mach as eugais comhnaidh Dhe, anns am b'urrainn sibh oibre maithe dheanamh, frithealadh air riaghailtean-eaglais, agus faotainn do neamh leibh fein, ach a nis tha sibh *ciurramach*, ghearr claidheamh an lagha 'ur lamhan dhibh, agus a nis cha 'n urrain sibh obair a dheanamh ni 's fhaide; le doilghios craiteach tha sibh ag radh:—

"An gnìomh is fearr a nì mo lamh,  
Cha 'n fhaod mi thaisbeanadh a d' lath'r."

Chail sibh a nis na h-uife comas air umhlachd a thoirt do 'n lagh, tha sibh a mothachadh an uair a b'aill leibh maith a dheanamh, gu bheil an t-olc a

lathair maille ruibh. Tha sibh ciurramach, thug sibh suas gach oidhirp air sibh fein a thearnadh, mar dhochas gun fheum, do bhrìgh gu bheil sibh ciurramach agus gu bheil 'ur gairdeana air falbh. Ach tha sibh ni 's miosa dheth no sin; oir ged nach b'urrainn sibh 'ur rathad oibreachadh do neamh, fbaodadh sibh an rathad a choiseachd le creidamh; ach tha sibh ciurramach anns na *casan* cho maith agus anns na *lamhan*; tha sibh a faireachduin nach urrainn sibh creidsinn, nach urrainn sibh aithreachas a dheanamh, nach urrainn sibh geill a thoirt do chumhachan an t-soisgeil. Tha sibh a faireachduin gu bheil sibh sgrioste gu tur, gun chomas air aon chor, air ni air bith a dheanamh a bhios taitneach do Dhia. Seadh tha sibh a glaodhach a mach,—

O! nan creidinn ann an Crìosd,  
 Bhiodh gach ni so-dheanta leam;  
 B'aill leam, ach cha 'n urrainn mi,  
 Dhe dean thusa comhnadh rium.

D'ur n-ionnsuidh-sa tha mi air mo chur. Fa'r comhair-sa tha mi ri bratach a chroinn-cheusaidh, daithte le fuil, a thogail suas; dhuibhse tha mi gus an soisgeul so a shearmonachadh "Ge b'e neach a ghairmeas air ainm au Tighearna tearnar e," agus ribhse tha mi ri glaodhach, "Ge b'e neach leis an aill thigeadh e, agus gabhadh e de uisge na beutha gu saor."

Tha seors' eil' ann fathast. Tha sibh *bacach*. Tha sibh an ioma-chomhairle eadar dha bharail. Tha sibh air uairean ag aomadh a dh' ionnsuidh diadhachd, agus aig am eile tha sugradh an t-saoghail 'g'ur tarruing air falbh. Am beagan astair a tha sibh a deanamh ann an diadhachd, cha 'n 'eil ann ach ceum air leith chois. Tha beagan neart agaibh, ach tha e cho beag 's nach 'eil sibh ag imeachd ach air eigin. Ah! mo charaid crubach, a d' ionnsuidh-sa mar an ceudna tha focal na slainte so air a chur. Ged tha thu an ioma-chomhairle eardar dha bharail,

chuir am Maighstir mise a' d' ionnsuidh leis an teachd-  
aireachd so, "Cia fhad a bhios sibh an ioma-chomh-  
airle eadar dha bharrail?" Ma 's e 'n Tighearn a's  
Dia ann leanaibh e, ach ma 's e Baal, leanaibh esan."  
"Thoir fairear do shlighean." "Cuir do thigh an  
ordugh, oir gheibh thu bas, agus cha mhair thu beo."  
"Agus a chionn gu' n dean mi so riut, ullaich thu fein  
gu codhail a chumail ri d' Dhia, O Israeil." Na bi' n  
ioma-chomhairle ni' s fhaide, ach thig gu co-dhunadh  
air taobh Dhe agus fhirinn.

Tha mi faicinn seors' eile fathast *na doill*. Seadh,  
sibhse do nach leur sibh fein, sibhse a tha saoilinn  
gu bheil sibh maith an uair a tha sibh lan de 'n ole,  
a tha' cur searbh an aite milis agus milis an aite  
searbh, dorchadais an aite soluis agus soluis an aite  
dorchadais, d'ur n-ionnsuidhse tha mi air mo chur.  
Sibhse, anamaibh dalla do nach leur 'ur staid  
chailte, nach eil a creidsinn gu bheil am peacadh  
cho anabarrach peacach 's a tha e, agus leis nach  
aill impidh a ghabhail gu smuaineachadh gu bheil  
Dia 'na Dhia ceart agus cothromach, d' 'ur n-ionn-  
suidh-se tha mi air mo chur. Sibhse mar an ceudna  
do nach leur am F'ear-saoraidh, nach eil a faicinn  
maise air bith ann, gu'n iarradh sibh e, nach eil a  
faicinn oirdhearcas air bith ann an deagh bheus, no  
glair air bith anns an diadhachd, no sonas air bith  
ann an seirbhis a dheanamh do Dhia, no toil-inntinn  
air bith ann a bhi 'n'ur cloinn dha, d'ur n-ionnsuidh-  
se mar an ceudna tha mi air mo chur. Seadh, co  
dh' ionnsuidh nach 'eil mi air mo chur ma ghabhas  
mi mo cheann-teagaisg? Oir tha e dol ni' s fhaide  
no so,—cha 'n e mhair gu bheil e toirt cunntas  
sonruichte air cor gach aon fa leith, ach tha e 'na  
dheigh sin a deanamh sguabadh iomlan agus ag  
radh, "Gabh a mach gus na rathaidibh mora agus  
na garachaibh." An so tha sinn a toirt a steach  
daoine de gach inbhe agus cor—an duin-uasal air  
muin 'eich air an rathad mhor, agus a bhean a tha  
triall gu mall timchioll a gnothuich—am meirleach a

gabhail fath air an fhear-thuruis—tha iad so uil' air an rathad mhor agus tha iad uile ri bhi air an co-eigneachadh gu teachd a steach ; agus aig na garach-aibh an sud tha anamaibh bochda na 'n laidhe aig am bheil an didein-bhreige air an sguabadh air falbh, agus a tha nis a'g iarruidh beagan dion d'an cinn sgith ; d'ur n-ionnsuidh-sa mar an ceudna tha mi' an diugh air mo chur. 'Si so an aithne choit-chionn—"Co-eignich iad gu teachd a steach."

An deigh cunntas a thoirt mu chliu na muinntir so, tha mi nis a stad a shealltuinn air an obair anabarrach a tha mu m' choinneamh, 'S math a thubhairt Melancthon Gu'n robh sean Adhamh tuilleadh a 's laidir airson Mhelancthon oig. 'S co math a dh' fhaodadh leanabh beag feuchainn ri Samson a cho-eigneachadh, 's a dh' fhaodas mise feuchainn ri peacach a threorachadh gu crann-ceusaidh Chrìosd. Agus gidheadh tha mo Mhaighstir ga m' chur air a ghnothuch. Feuch, tha mi faicinn mu m' choinnearah beinn mhor na truaillidheachd naduir agus a mhi-churam bhaoth, ach le creidimh tha mi 'glaodhach, "Co thusa O shleibh mhoir? Roimh Sherubabel fasaidh tu a'd' chomhnard." Am bheil mo Mhaighstir ag radh "Co-eignich iad gu teachd a steach"? Ma tha, ged robh am peacach mar Shamson agus mise mar leanabh, treoraichidh mi e le snathain. Ma tha Dia 'g radh *dean e*, agus gu'n toir mise an oidhirp ann an creidimh *bithidh e deanta* ; agus ma dh' fheuchas mis' an dingh, le cridhe osnach, spar-uineach, deurach, ri peacaich a cho-eigneachadh gu teachd gu Crìosd, theid co-eiginn mhilis an Spioraid Naoimh maille ris gach facal, agus bithidh cuid da rìreadh air an co-eigneachadh gu teachd a steach.

Agus a nis, *'san dara h-aite*, thig sinn dìreach gus an obair. A dhaoine agus a mhnathan neo-iompaichte, gun reite, gun ath-bhreith, tha mi ri *sibh e cho eigneachadh gu teachd a steach*. Ceadaichibh dhomh air tus labhairt ruibh ann an rathadibh mora a pheacaidh, agus mo theachdaireachd innseadh dhuibh



a rithist. Tha Rìgh neimhe, an d'ingh, a' cur cuireadh grasmhor d' ur n-ionnsuidh. Tha e 'g radh "Mar is beo mise, deir an Tighearna, cha 'n 'eil tlachd agamsa ann am bas an ti a bhasaicheas, uime sin pillibhse agus mairibh beo." "Thigibh a nis agus tagramaid ri cheile deir an Tighearna, ged robh 'ur peacanna mar an scarlaid, bithidh iad geal mar an sueachd, ged robh iad dearg mar chorcur bithidh iad mar olainn." A charaid ghradhaich, tha e toirt aoibhneis do m' chridhe bhi smuaineachadh gu bheil a leithid de naigheachd mhath agam ri innseadh dhuit, agus gidheadh tha mi 'g aideachadh gu bheil m'anam trom, a chionn gu bheil mi faicinn nach 'eil thusa 'g a meas 'na naigheachd mhath, ach gu bheil thu tionndadh air falbh uaipe, agus nach 'eil thu toirt aire dhligeach dhi. Ceadaich dhomb innseadh dhuit ciod a rinn an Rìgh air do shon. Bha fios aig air do chionta, chunnaie e roimh lainh gu'n sgriosadh tu thu fein. Bha fios aige gu'n agradh a cheartas d'fhuil, agus a chum an ni deacair so a sheachnadh. a chum gu 'm biodh aig ceartas a lan-dhiol, agus gidheadh gu 'm biodh tusa air do shaoradh, fhuair Iosa Crìosd bas. An amhaire thu dìreach car mionaid air a chuspair so? Tha thu faicinn an duin' ud air a ghluinean ann an garadh Ghetsemene, agus fhallus na bhraona fala. Tha thu faicinn so a rithist, tha thu faicinn an ti ud a fulang gu truagh, air a cheangal ri post agus air a sgiursadh le buillean uamhasach, gus am bheil an fheoil air a toirt air falbh o ghuailibh gu ruig na cnamhan agus fhuil a taomadh gu lar. Faic a rithist an treas sealladh so; 'se 'n duine ceudna th' ann, an crochadh air a chrann—a lamhan sinte mach agus a chasan air an tairngeachadh gu teann, a 'g osnaich, a call fala, a faghail a bhais; air leam gu'n do labhair e, agus gu'n d' thubhairt e, "Tha e crìochnaichte." A nis, so uile rinn Iosa Crìosd o Nasaret, a chum gu'm faodadh Dia peacadh a mhaitheadh air dhoigh a bhiodh co-sheasmhach r'a cheartas; agus 'si so an teachdaireachd

dhuitsa an dingh “Creid anns an Tighearn Iosa Criosd, agus saorar thu,” ’se sin, earb ris, cuir cul ri d’ oibribh agus ri’ d’ shlighibh fein, agus socruich do chridhe air an duine so ’na aonar a thug e fein airson pheacach.

A nis, a charaid, dh’ innis mi dhuit an teachdaireachd, ciod a tha thusa ’g radh rithe? Am bheil thu tionndadh air falbh? Tha thu ’g radh rium nach buin i dhuitsa, nach urrainn thu eisdeachd rithe, gu’n eisd thu rium uidh air n-uidh, gu’m falbh thu an diugh agus gu’n toir thu ’n aire air d’ fhearann agus air do mhalairt. Stad a charaid, cha d’iarradh orm a mhain innseadh dhuit, agus an sin dol timchioll mo ghnothuich. Cha ’n ann mar sin. Dh’ aithneadh dhomb do cho-eigneachdadh gu teachd a steach, agus ceadaich dhomh ’radh riut mu’n teid mi ni ’s fhaide, gu bheil aon ni ’s urrainn mi radh, agus ni air am bheil Dia ’na fhianuis dhomh an diugh, gu bheil mi durachdach riut ann a m’ iarrtus gu’n geilleadh tusa do aithne Dhe. Faodaidh tusa di-meas a dheanamh air do shlainte fein ach cha ’n ’eil mis ’a deanamh dimeas oirre; faodaidh tu falbh agus an ni a chluimneas tu a dhi-chuimhneachadh, ach bi cho math ’s gu’n cuimhnich thu gu’n do chosd na nithe tha mi ’nis a labhairt iomadh osna throm dhomhsa mu ’n d’ thainig mi ’n so g’ an labhairt. Tha m’anam an taobh a stigh dhìom a labhairt a mach riut, mo charaid bochd, an uair a tha mi guidhe ort ann an ainm an Ti a tha beo agus a bha marbh, agus a tha beo gu saoghal nan saoghal, gu ’n toir thu fainear teachdaireachd mo Mhaighstir, a tha e ’g aithneadh dhomhsa innseth dhuit.

Ach am bheil thu cur cul rithe? Ann bheil thu fathast ’ga diultadh? Ma tha, ’s eigin domh mo ghuth atharrachadh car mionaid. Cha ’n e mhain gu’n innis mi dhuit an teachdaireachd agus gu’n toir mi cuireadh dhuit, ni a tha mi deanamh leis an uile dhurachd, agus le gradh treibh-dhireach—theid mi ni ’s fhaide. A pheacaich ann an ainm Dhe *tha mi*

'g aithneadh dhuit aithreachas a dheanamh agus ereidsinn. Am bheil thu' feoraich cia as a tha m'ughdarras? Is teachdaire mi o Dhia. Tha mo theisteanais, cuid dhiu diomhair agus ann a m' chridhe fein, agus cuid eile dhiu follaiseach, mu d' choinneamh an diugh, ann an seulachan mo mhì-ist-reileachd a tha 'n an suidhe 's 'n an seasamh anns an tigh so, far an d' thug Dia dhomh iomadh anam mar mo dhuais. Mar a thug an Dia siorruidh ughdarras dhomh gus a shoisgeul a shearmonachadh, tha mi 'g aithneadh dhuit creidsinn anns an Tighearn Iosa Crìosd, cha 'n ann air m' ughdarras fein ach air ughdarras an ti a thubhairt, "Imichibh air feadh an t-saoghail uile, agus searmonaichibh an soisgeul do gaeh duil," agus an sin a cheangail an reachd solaimte so ris, "ge b'e chreideas agus a bhaistear saorar e, ach ge b'e nach creid ditear e." Cuir cul ri m' theachdaireachd agus cuimhnich, "An neach a rinn tair air lagh Mhaois, gu 'n do bhasaich e gun trocair fo dhithis no triuir do fhianuisibh, cia mor is mo no sin am peanas a shaoileas sibh air am measar esau toillteanach a shaltair fo chosaibh Mac Dhe." Cha 'n fhaod teachdaire rìgh seasamh ni's isle no 'n duine ris am bheil e deanamh gnothuich, oir tha sinn a seasamh ni's airde. Ma 's toil leis a mhinisteir 'aite fein a ghabhail, sgeadaichte le uile chumhachd Dhe, agus air 'ungadh le 'ungadh naomh-san, buinidh dha aithne thoirt do dhaoine, agus labhairt leis an uile ughdarras, gu 'n co-eigneachadh gu teachd a steach. "Aithn, earalaich, cronaich, leis an uile fhad-fhulangas.

Ach am bheil thu tionndadh air falbh, agus ag radh nach eisd thu ri aithne? Ma tha, caochlaidh mi mo ghuth a rithist. Mur dean sud feum, feuchar gach meadhon eile. Mo charaid, tha mi teachd a d' ionnsuidh le cainnt shimplidh agus ag earalachadh ort, teicheadh gu Crìosd. O mo charaid, am bheil fhios agad cia cho gradhach 's a tha Crìosd? Leig dhomh innseadh dhuit o m' anam fein cìod is aithne dhomh

m' a thimchioll. Rinn mise tair air cuideachd aon uair. Bhual e aig dorus mo chridhe, agus dhiult mise fhosgladh. Thainig e m'ionnsuidh uaireau gun aireamh, maduinn an deigh maduinn, agus oidhche an deigh oidhche, chronuich e mi ann a m' choguis, agus labhair e rium le a Spiorad, agus mu dheireadh, an uair a bhuaidhaich tairneanaich an lagha ann a' m' choguis, shaoil mi gu'n robh Criosd an-ìochdmhor agus neo-chaoimhneil. O cha 'n urrainn mi gu brath a mhaitheadh dhomh fein gu'n smuainichinn cho olc uime.

Ach cia cho gradhach 'sa ghabh e rium an uair a chaidh mi d'a ionnsuidh! Shaoil mi gu'm buaileadh e mi, ach bha a lamh, cha 'n ann duinte ann am feirg, ach fosgailte gu farsuinn ann an trocair. Shaoil mi gu cinnteach gu 'n tilgeadh a shuilean baoisgeadh dealanaich feirge orm, ach an aite sin 's ann a bha iad lan de dheuraibh. Thuit e air mo mhuineal agus phog e mi, thug e dhìom mo luideagan, agus sgeadaich e mi le fhìreantachd fein, agus thug e air m' anam seinn gu h-ard le aoibhneas, am feadh a bha ceol agus dannsa ann an tigh mo chridhe-sa agus ann an tigh 'eaglais-san, a chionn gu'n d'fhuaradh a mhac a bha cailte, agus gu'n robh esan a bha marbh air a thoirt beo. Tha mi 'g earalachadh ortsa, ma ta, amharc, ri Iosa Criosd agus a bhi air do shoillseachadh. A pheacaich, cha ghabh thu aithreachas gu brath dheth—theid mis' an urras air mo Mhaighstir nach gabh thu aithreachas gu brath dheth. Cha tarruing thu aon osna gu dol air d'ais gu do staid dhithidh. Theid thu mach as an Eiphit agus theid thu steach do fhearann a gheallaidh, agus gheibh thu e 'sruthadh le bainne agus mil. Gheibh thu deuchainnean beatha a chriosduidh trom, ach gheibh thu gu'n deau gras aotrom iad. Agus a thaobh an aoibhneis agus an toil-inntinn a tha ann a bhi a'd' leanabh le Dia, ma tha mi 'g innse' breige an diugh, cuir sin as mo leith 's na laithibh ri teachd. Ma bhlaiseas agus ma chi thu gur maith an Tighearna, cha 'n 'eil eagal orm nach faigh

thu, cha 'ne mhain gu bheil e maith, ach gu bheil e ni 's fearr no 's urrainn bilean duine gu brath a chur au ceill.

Cha 'n'eil fhios agam ciod an argumaid a ghnath-aicheas mi rint. Tha mi leigeadh fianuis a dh' ionnsuidh d'fhein-bhuanachd. O mo charaid bochd, nach b'fhearr dhuit a bhi reidh ri Dia neimh no bhi a'd' namhaid dha? Ciod a tha thu faotainn le bhi cuir an aghaidh Dhe? Am bheil thu ni 's sona le bhi a'd' namhaid dha-san? Freagair mi thusa tha 'g iarruidh do thoil-inntinn, an d'fhuair thu solasan anns a chupan sin? Freagair mi a dhuine fhein-fhireanaich, an d' fhuair thusa fois do bhonn do choise, ann a d' uil' oibrigh? O thusa tha dol mu 'n cuairt ag iarruidh d'fhireantachd fein a chuir air chois, tha mi sparradh ort, leig le coguis labhairt. An d'fhuair thu e 'na cheum sona? Ah! mo charaid, c'arson a chaitheas tu d'airgiod air ni nach aran, agus do shaothair air ni nach sasuidh? "Eisdibh le deadh aire riunsa, agus ithibh an ni a ta maith agus gabhadh 'ur n-anam toil-inntinn ann an cuilm shoghmhoir." Tha mi 'g earalachadh oirbh air sgath gach ni a tha naomh agus solaimte, gach ni a tha cudthromach agus siorruidh, teichibh air son 'ur beatha, na seallaibh 'n'ur deigh, agus na stadaibh 'sa chomhnard uile, na stadaibh gus am faigh sibh dearbh-bheachd air coir ann am fuil Iosa Criosd, an fhuil a ghlanas sinn o gach peacadh. Am bheil sibh fathast fuar agus mi-churamach? Nach ceadaich an dall dhomh a threorachadh a dh' ionnsuidh na cuirme? Nach cuir mo charaid ciurramach a lamh air mo ghualainn agus nach ceadaich e dhomh a chuideachadh a dh' ionnsuidh na cuirme? Nach leig an duine bochd leam coiseachd r'a thaobh? An eigin domh briathran is treise ghnathachadh? Am feum mi co-eiginn eile ghnathachadh a chum sibhse cho-eigineachadh gu teachd a steach? A pheacachaibh, tha mi cuir romham an aon ni so an diugh, mur bi sibh air 'ur saoradh gu'm bi sibh gun leith-sgeul. O luchd nan ceann liath, sios gu aois mhaoth na leanabuidheachd, mur dean sibh

greim air Criosd an diugh bithidh 'ur fuil air 'ur ceann fein. Ma tha cumhachd ann an duine gus a cho-chrentair a thoirt a steach, (ni a tha 'nuair a tha 'n duine air a chuideachadh leis an Spior<sup>d</sup> naomh,) bithidh an cumhachd sin air a chleachdadh an diugh, ma chuidicheas Dia mise. Thig, cha ghabh mi diultadh <sup>l</sup>nait; mur dean m' earail feum 's eigin domh teachd gu ni-eigin eile. Mo charaid, tha mi 'guidhe ort, tha mi guidhe ort, stad agus beachd-smuainich. Am bheil fhios agad co ris a tha thu cur cul an diugh? Tha thu 'cur cul ri Criosd, ri d' aon fhear-saoraidh. "Bunait eile cha 'n urrainn aon duine a leagadh." "Cha 'n 'eil ainm eile fo neamh air a thoirt am measg dhaoine tre 'm faod sinn a bhi air ar tearnadh." Mo charaid, cha 'n urrainn mi fhulang gu 'n deanadh tu só, oir tha mi cuimhneachadh an ni a tha thusa a di-chuimhneachadh; tha 'n la a teachd anns am bi Fear-saor-aidh a dhith ort. Cha 'n fhada gus an teid miosan fadalach seachad, agus an toisich do neart air failneachadh, do chuisle air fas faun, do spionnadh air falbh <sup>l</sup>nait, agus an eigin dhuitsa agus do 'n uilbheist dhuaichnidh—am bas—coinneachadh aghaidh ri h-aghaidh. Ciod a ni thu ann an onfha Iordain as eugais Fear-saoraidh? Is cruaidh an ni leaba-bhais as eugais an Tighearn Iosa Criosd. Is ni eagallach am bas air doigh air bith; an t-aon aig am bheil an dochas is fearr agus an creidimh is buadhaire gheibh e mach nach ni am bas gu gaire dheanamh uime. Is ni uamhasach dol o na nithibh a tha ri 'm faicinn gus na nithe nach 'eil ri 'm faicinn; o bhasmhorachd gu neo-bhasmhorachd, o thiom gu siorruidheachd; agus gheibh thu e 'na ni cruaidh dol troimh gheataibh iaruin a bhais as eugais sgiathan caoimhneil nan aingeal gu do thoirt gu geataibh nam flaitheas. Bithidh e 'na ni cruaidh basachadh gun Chriosd. Cha 'n urrainn mi gun smuaineachadh ort. Tha mi gu d' fhaicinn an diugh a cur lamh a'd' bheatha fein, agus tha 'mi ga m' fhaicinn fein mar gu 'm b'ann a'm'

sheasamh aig taobh do leabaidh agus a cluinntinn do ghlaodhaich, agus fios agam gu bheil thu basachadh gun dochas. Cha 'n urrainn mi sin a ghiulan. Air leam gu bheil mi nis a'm' sheasamh ri taobh do chiste-mhairbh, agus ag amhare ann a d' aodan fuar creadha, agus ag radh, "Rinn an duine so tair air Criosd, rinn e di-meas air an t-slainte mhoir." Tha mi smuaineachadh air na deuraibh goirt a ghuileas mi ma smuainicheas mi gu'n robh mi neo-dhileas dhuit, agus mar a bhios na suilean sin, duinte leis a bhas, mar gu 'm biodh iad ga m' agradh agus ag radh. O Mhinistir! bha mise frithealadh aig do thigh-aoraidh, ach cha robh thusa durachdach rium, bha thu ga m' thoileachadh, shearmonaieh thu dhomb, ach cha do thagair thu rium. Cha b' aithne dhuit ciod a bha Pol a ciallachadh an uair a' thubhairt e, "Mar gu 'n cuireadh Dia impidh leinne tha sinn a guidhe oirbh as uchd Chriosd bithibh reidh ri Dia."

Tha mi guidhe ort leig leis an teachdaireachd so dol a steach do d' chridhe air son aobhar eile. Tha mi ga m' fhaicinn fein mar gu 'm b'ann a' m' sheasamh aig cathair breitheanais Dhe. Mar is beo an Tighearna tha latha bhreitheanais a teachd. Am bheil thu creidsinn sin? Cha 'n 'eil thu a'd' ana-creideach; cha leigeadh do choguis leat an sgrìob-tuir a chur an teagamh. Theagamh gu 'n do ghabh thu ort sin a dheanamh, ach cha'n urrainn thu. Tha thu mothachadh gur eigin gu 'n tig la anns an toir Dia breith air an t-saoghal ann am fireantachd. Tha mi ga d' fhaicinn a'd' sheasamh am meadhon na mor-chuideachd ud agus suil Dhe suidhiehte ort. Dhuitsa tha e mar nach biodh e sealtuinn taobh air bith eile ach ortsa a mhain, agus tha e ga d'ghairm 'na lathair, agus a leughadh do pheacanna agus tha e glaodhach, "Imich air falbh thusa a tha mallaichte, do 'n teine shiorruidh ann an ifrinn." M' fhear-eisd-eachd cha 'n urrainn mi an smuain a ghiulan gu 'm biodh tu 's an t-suidheachadh ud. Air leam gu bheil gach fuiltein air mo cheann a seasamh le bhi 'smuain-

eachadh gu 'm biodh a h-aon de m' luchd eisd-eachd-sa air an damnadh. Am beachdaich sibh oirbh fein mar gu 'm b' ann, anns an t-suidheachadh ud? Tha 'm facal air dol a mach, "Imichibh uam a shluagh mallaichte." Am bheil sibh a faicinn an t-sluichd, mar a tha e 'fosglodh gus 'ur slugadh suas? Am bheil sibh a cluinntinn sgreadail agus raoiceil na muinntir a chaidh air thoiseach oirbh do loch siorruidh sin na doruinn? An aite an sealladh a chur fa' r comhair, tionndam ruibh le briathraibh an fhaidh a bha fo dheachdadh an Spioraid, ag radh, "Co 'n ar measg a ghabhas comhnuidh maille ri teine mill-teach? Co 'nar measg a ghabhas comhnuidh maille ri lasraichean siorruidh? "O mo charaid, cha 'n urrainn mi leigeadh leat an diadhachd a chur uait mar so, tha mi smuaineachadh air ciod a tha ri tighinn an deigh a bhais; Bhithinn falamh de gach buaidh a bhuineas do nadur duine, nam faicinn neach a dol ga phuinnseanachadh fein, mur tilginn an cupan air falbh; no nam faicinn neach eile a dol ga thilgeadh fein bharr Drochaid Lunnuinn, mur feuchaim ri chumail air ais o sin a dheanamh; agus bhithinn ni bu mhiosa no deamhan mur cuirinn a nis impidh ortsa leis an uile ghradh agus chaoimhneas agus dhurachd, greim a dheanamh air a bheatha mhaireannaich, saothair a dheanamh, cha 'n ann air son a bhidh a theirgeas, ach a mhaireas a chum na beatha siorruidh.

Tha cuid de na h-Ard-Chalbhinnich a theireadh rium gu bheil mi cearr ann a bhi deanamh so. Cha 'n 'eil comas agam air, 's eigin domh a dheanamh. Mar is eigin domh mu dheireadh seasamh an lathair mo bhreitheamh, tha mi mothachadh nach urrainn mi mo mhinistreibheachd a choimhlionadh, mur guidh mi oirbh le iomadh deur, gu 'm biodh sibh air 'ur tearnadh, gu 'n sealladh sibh ri Iosa Criosd agus gu faigheadh sibh a shlainte ghloirmhor. Ach nach dean so an gnothach? Am bheil mo ghuidhe gu h-iomlan an diomhain? Am bheil sibh a tionn-



dadh cluas bhodhar ? Ma tha, atharraichidh mi mo ghuth a rithis. A pheacaich, thagair mi riut mar a thagras duine r'a charaid, agus ged a bhithinn a tagradh air son mo bheatha fein an diugh, cha b'urrainn mi labhairt ni bu durachdaiche no tha mi labhairt air son do bheatha-sa. *Bha* mi durachdach a thaobh m' anam fein, ach cha robh mi mir ni bu durachdaiche no tha mi a thaobh anamaibh mo cho-thionail an diugh ; agus uime sin ma chuireas sibh air falbh na h-impidhean so, tha ni-eigin eile agam—'s eigin domh *bagradh oirbh*. Cha bhi rabhaidhean mar so agaibh an comhnuidh. Tha la a tighinn anns am bi guth gach ministir soisgeulach 'na thosd, air 'ur sonsa co dhiu, oir bithidh ur cluas fuar anns a bhas. Cha 'n e bagradh a bhios ann ni's mo ach coimhionadh a bhagraidh. Cha bhi gealladh ann tuilleadh, no tairgse de mhaitheanas no de throcair, no fuil a labhairt sith, ach bithidh sibh anns an aite 's am bheil an t-Sabaid gu h-ionmhan air a slugadh suas ann an oidhche truaighe shiorruidh, agus far am bheil searmonachadh air a bhacadh do bhrigh gu'm biodh e gun fheum. Tha mi sparradh oirbh, ma ta, eisdibh ris a ghuth so a tha nis a labhairt ri 'ur coguis, oir mur eisd, labhraidh Dia ribh 'na fheirg, agus 'na dhian-chorruich their e ruibh, "A chionn gu 'n do ghairm mi, agus, gu 'n do dhiult sibhse, gu 'n do shin mi mach mo lamh, agus nach d'thug duine sam bith an aire, ni mise mar an ceudna gaire ri 'ur sgrios-sa, ni mi fanoid an uair a thig 'ur n-eagal." A pheacaich, tha mi bagradh ort a rithis. Cuimhnic gu'm faod an uine gun bhi ach goirid anns am bi na rabhaidhean so agad r'an eisdeachd. Tha thu 'm beachd gu 'm bi do shaoghal fada, ach am bheil fhios agad cia cho goirid 'sa tha e? An d' fheuch thu riamh ri smaoinachadh cia cho anfhann 'sa tha thu ! Am faca tu riamh corp air a ghearradh 'na mhirean leis a chorp-ghearradair ? Am faca tu riamh ni cho iongantach ri corp an duine ?

"Clarsach 's am bheil mile teud,  
'S iognadh i bhi 'n gleus cho fad."

Ma theid ach car ann an aon de na cordaibh sin, ma theid ach aon lan beoil de bhiadh an rathad cearr, faodaidh tu basaeadh. Faodaidh an tuiteamas is lugha, mar a their sinn ris, do chur gu bas gu luath, an uair is toil le Dia e. Chaidh daoine laidir a mharbhadh leis an tuiteamas bu lugha agus bu shuaraiche, agus mar sin faodaidh tusa bhi. Anns an tigh aoraidh, ann an tigh Dhe, thuit daoine sios marbh. Cia tric a tha sinn a cluinntinn daoine bhi tuiteam ann ar sraidean, a cur car dhiubh a tiom a steach do'n t-siorruidheachd le grad bhuile eigin! Agus am bheil thusa lan-chinnteach gu bheil an cridhe sin agad slau fallain? Am bheil an fhuil a ruith gu fìor cheart? Am bheil thu dearbh-chinnteach dheth sin? Agus ma tha, cia fhad a bhios e mar sin? O faodaidh e bhi gu bheil cuid agaibh an so nach faic an Nollaig. Theagamh gu 'n deachaidh an t-ordugh a mach cheana, "Cuir do thigh an ordugh, oir gheibh thu bas, agus cha mhair thu beo." Dh' fhaodainn innseadh gu poncail cia lion a bhios marbh an ceann bliadhna as a cho-thional mhor so, ach 's ni cinnteach nach coinnich sinn uile an aon chuideachd gu brath tuilleadh. Sinbhlaidh cuid as a cho-thional so mu'n tig a bhliadhn' ur a steach, theagamh dithis no trintr. Cuiream an cuimhne dhuit, ma ta, a charaid, gu faod aon chuid geata na slainte bhi duinte, no gu faod thusa bhi mach as an aite 's am bheil geata na troc-air. Thig ma ta, leig leis a bhagrath buadhachadh ort. Cha 'n 'eil mi bagrath a chionn gu 'm b'aill leam eagal a chur ort gun aobhar, ach an dochas gu'n dean bagrath caraid do ghreasadh a dh'ionnsuidh an aite 's an d'ullaich Dia cuirm an t-soisgeil. Agus a nis, *an eigin domh tionndadh air falbh gun dochas?* An do chaith mi na 's urrainn mi radh? Ni h-eadh, thig mi 'd' ionnsuidh a rithis. Innis dhomh, mo charaid, ciod a tha ga d' chumail o Chrìosd. Tha mi cluinntinn aon neach ag radh, "O le'r cead, 's ann a chionn gu bheil mi ga m' fhaireachduin fein tuilleadh is cioutach" Cha 'n urrainn sin a bhi, mo charaid,

cha'n urrainn sin a bhi. "Ach 's mise ceann-feadhna nam peacach." A charaid cha tu; fhuair ceann-feadhna nam peacach bas, agus chaidh e do neamh, o cheann iomadh bliadhna. 'Se b'ainm dha Saul o Tharsus, agus na dheigh sin an t-Abstol Pol. B'esan ceud fhear nam peacach, tha fhios agam gur i'n fhirinn a labhair e. Ach their thu, "O tha mi ro ghraineil." Cha'n urrainn thu bhi ni's graineile no ceud fhear nam peacach. Tha aon is miosa na thu co dhiu. Ged bu tu eadhon an neach is miosa tha beo a nis, 's tu an dara h-aon, oir b'esan an ceud fhear. Ach abair gur tu an t-aon is miosa, nach e sin a cheart aobhar airson am bu choir dhuit teachd gu Criosd. Mar is miosa tha'n duine, 's ann is mo tha dh'aobhar aige dol do'n tigh leighis, no chum an leigh. Mar is bochdainn a tha thu, 's ann is mo tha aobhar agad deire a ghabhail o neach eile. A nis cha 'n 'eil Criosd ag iarraidh toillteannais air bith uaita. Tha e toirt seachod gu saor. Mar is miosa tha thu, 's ann is fearr a nithear do bheatha. Ach leig dhomh ceist fheoraieh dhìot. Am bheil thu smuaineachadh gu 'm fas thu ni 's fearr le fuireach air falbh o Chriosd? Ma tha cha 'n aithne dhuit fathast ach ro bheagan mu shlighe na slainte. Mar is fhaide dh' fhanas tu 's ann is miosa dh' fhasas tu; fasaidd do dhochas ni 's laige, fasaidd d'an-earbsa ni 's treise, bithidh an tarunn leis an do cheangail Satan thu air a bualadh ni's teinne agus bithidh ni's lugha de dhochas a'd' thaobh no bh'ann riamh. Thig, guidheam ort, cuimhnich nach eil ni air bith ri bhuanachd le dail, ach le dail gu faod gach ni bhi air an call. "Ach," their neach eile, "tha mi faireachduinn nach urrainn mi creidsinn." Cha'n urrainn a charaid, agus cha chreid thu gu brath ma sheallas tu an toiseach air do chreidimh. Cuimhnich nach ann gu creidimh a thainig mi ga d'chuireadh, ach gu Criosd. Ach tha thu ag radh, "Ciod an t-eadar-dhealach a th'ann?" Tha dìreach so, ma their thu, sa cheud toiseach, "Tha toil agam ni a chreidsinn," cha chreid

thu idir e. Ach 'si cheud cheist is eigin duit fheor-  
aich, "Ciod e an ni so a th'agam ri chreidsinn?" An  
sin thig creidimh mar ni a leanas an rannsachadh so.  
Tha ar ceud ghnothuch, cha'n ann ri creidimh ach ri  
Criosd. Thig, guidheam ort, gu sliabh Chalbhari,  
agus faic an crann-ceusaidh. Feuch Mac Dhe, esan  
a rinn na neamhan agus an talamh, a basachadh air-  
son do pheacanna. Amhairc ris-san, nach eil cumh-  
achd ann gu tearnadh? Amhairc air aodan a tha cho  
lan de thruas. Nach eil gradh 'na chridhe a dhearbhadh  
gu bheil e *toileach* tearnadh. 'S cinnteach, a  
pheacaich, gu'n dean sealladh de Chriosd do chuid-  
eachadh gu chreidsinn ann. Cha'n 'eil thu gu dol a  
dh' ionnsuidh Chriosd an toiseach, agus chreidsinn a  
rithis, no bithidh do chreidimh 'na ni nach fiach;  
rach a dh' ionnsuidh Chriosd gun chreidimh idir, tilg  
thu fein airsan, co dhiu theid thu fodha no shnamhas  
tu. Ach tha mi cluinntinn neach eile a glaodhaich,  
"O Mhaighstir, cha'n 'eil fhios agaibh cia cho minic  
'sa bha mis' air mo chuireadh, cia cho fad 's a chuir  
mi cul ris an Tighearna." Cha'n 'eil fios agam, agus  
cha'n 'eil mi 'g iarruidh fios air, 'se so na tha dh' fhios  
agam, gu'n do chuir mo Mhaighstir mise gu d' cho-  
eigneachadh gu teachd a steach. Thig, ma ta, leam  
a nis. Faodaidh e bhi gu'n do chuir thu cul ri mile  
cuireadh, na dean so 'na mbile 'sa h-aon. Bha thu  
teachd an aird gu tigh an Tighearna, agus cha'n 'eil  
thu ach air do chruadhachadh leis an t-soisgeul. Ach  
nach 'eil mi faicinn deur air do shuil? Thig mo  
charaid, na bi air do chruadhachadh le searmoin an  
la an diugh. O Spioraid an De bheo, thig agus leagh  
an cridhe so, oir cha robh e riamh air a leaghadh, agus  
co-eignich e gu teachd a steach. Cha'n urrainn mi  
leigeadh leat dol air d'aghaidh le leith-sgeulan diomh-  
ain mar sin; ma bha thu beo cho liugha bhadhna a'  
cur suarach Chriosd, tha cho liugha sin de aobhair  
ann airson nach cuireadh tu suarach e a nis. Ach  
an cuala mi thu cagarsaich nach robh so 'na am iom-  
chuidh? Ciod e, ma ta, a their mi riut? C'uin a

thig an t-am iomchuidh sin? An ann 'nuair a bhios tu an ifrinn a thig e? Am bi an t-am sin 'na am iomchuidh? An ann 'nuair a bhios tu air leabaidh do bhais, 'nuair a bhios tuchan a bhais a'd' sgornan, an ann an sin a thig e? No 'nuair a bhios am fallas loisgeach a sgaltadh do bhathais, agus a bhios a rithis am fuar fhallas righinn ann, am bi na h-amaibh ud na'n amaibh iomchuidh? An ann an uair a bhios piantadh ga d' chlaoidh agus thu air bruaich na h-uaighe? Ni h-eadh a dhuine, 'se 'n diugh an t-am iomchuidh. Gu'n deanadh Dia iomchuidh e. Cuimhuich nach eil ughdarras air bith agam gu iarruidh ort tighinn gu Criosd *am maireach*. Cha d'thug am Maighstir cuireadh air bith dhuit gu teachd da ionnsuidh Di-Mairt so tighinn. 'Se 'n cuireadh, "An diugh, ma chluinneas sibh a ghuth, na cruadhaichibh ur cridheacha mar anns a bhrosnachadh," oir tha an Spiorod ag radh "An diugh." "Thigibh a nis agus tagramaid r'a cheile." C'arson a chuireadh tu dail ann? Faodaidh gur e so an rabhadh mu dheireadh a gheibh thu gu brath. Cuir dail ann, agus theagamh nach guil thu 's an tigh-aoraidh gu brath tuilleadh. Faodaidh e bhi nach cluinn thu searmoin cho durachdach gu brath. Theagamh nach tagrar riut mar a dh' iarrainn-sa tagradh riut a nis. Faodaidh e bhi gu falbh thu, agus gu'n abair Dia, "Tha e air a dhluth-cheangal ri' iodhalaibh, leig leis." Tilgidh e an t-srian air do mhuineal, agus an sin, thoir an aire, tha do chursa cinnteach, ach 'se damnadh cinnteach agus leir-sgrios obann a bhios ann.

Agus a nis fathast, am bheil e gu leir an diomhanas? Nach tig thu nis a dh' ionnsuidh Chriosd? Ciod e tuilleadh, ma ta, is urrainn mi dheanamh? Cha 'n 'eil agam ach aon ni eile, agus feuchar sin. Ceadaichear dhomh gul air do shon, tha cead agam urnuigh a dheanamh air do shon. Faodaidh tu tair a dheanamh air an t-searmoin, ma 's aill leat, faodaidh tu gaire dheanamh mu 'n t-searmonaiche, faodaidh tu radh gu bheil e as a chiall, ma 's toil leat, cha toir e

achmhasan duit, cha toir e casaid air bith a'd' aghaidh a dh' ionnsaidh a Bhreitheimb mhoir. Tha do lochd, cho fad 'sa tha e 'na aghaidh-san, air a mhaitheadh mu'm bheil e air a chur an gnìomh; ach cuimhnich, an teachdaireachd ris am bheil thusa cur cul an diugh, gur teachdaireachd i o neach aig am bheil gradh dhuit, agus tha i air a toirt dhuit o bhilean neach aig am bheil gradh dhuit cuideachd. Cuimhnich gu faod thu d'anam a chluich air falbh leis an diabhl, gu faod thu gu mi-churamach a mheas mar ni gun suim, ach tha aon neach ann, air a chuid is lugha, a tha durachdach mu thimchioll d' anam, agus neach, mu'n d' thainig e an so, a ghleachd r'a Dhia airson neart gu searmonachadh dhuit, agus neach, an uair a dh' fhalbhas e a so, nach di-chuimhnich iadsan a tha ga eisdeachd an diugh. Tha mi 'g radh a rithis, an uair a bhios mo bhriathra gun eifeachd 's urrainn mi deoir a thoirt, oir 's iad briathran agus deuraibh na h-airm leis am bheil ministirean an t-soisgeil a co-eigneachadh dhaoine gu teachd a steach. Cha'n'eil fhios agad, agus tha mi saoil sinn nach b'urraim thu chreidsinn, cho iomaguineach 'sa tha 'n duine a ghairm Dia chum na ministreileachd mu thimchioll a cho-thionail, agus gu h-araidh mu thimchioll cuid dhiu. Chuala mi direach an la roimhe mu thimchioll duin 'og a bha re uin' fhada a frithealadh an so, agus b'e dochas 'athar gu'm biodh e air a thoirt gu Crìosd. Ach fhuair e'n eolas air ana-creideach, agus a nis tha e deanamh dearmaid air a ghnòthuch, agus a caitheadh a bheatha gach la ann an slighe a pheacaidh. Chunn- aie mi aodan bochd, glas-neulach athar, cha d' iarr mi air fein an sgeul inuseadh dhomh, oir mhothaich mi gu'n robh e a dusgadh suas trioblaid, agus a fosgladh lot. Tha eagal orm gu bheil air uairean cinu liath dhaoine maithe air an toirt le bron do'n uaigh. A dhaoin' oga, cha'n'eil sibh ag urnuigh air 'ur son fein, ach tha 'ur mathraicheau a gleachd air 'ur son. Cha'n'eil sibh a smuaineachadh air 'ur

n-anamaibh fein, ach tha 'ur n-athraiche fo iomaguin air 'ur son. Bha mi aig coinneamhan-urnuigh, far an euala mi clann Dhe ag urnuigh, agus cha b'urrainn iad guidhe ni bu durachdaiche, no le doilghios bu chruaidhe, ged a bhiodh gach aon fa leith dhin<sup>n</sup> ag iarruidh slainte anama fein. Agus nach iongantach gu'm biomaid-ne ullamh gu neamh agus talamh a ghluasad airson 'ur slainte-sa, agus gidheadh gu'm biodh sibhse gun smuain m'ur timchioll fein, gun suim do nithibh na siorruidheachd?

A nis tionndaidh mi car aon mhionaid ri cuid de na tha 'n so. Tha cuid dhibhse tha 'n so 'n 'ur buill de eaglaisean Crìosduidh, a tha deanamh aidmheil air diadhachd, ach mur 'eil mise am mearaehd d'ur taobh, (agus bithidh mi toilichte ma tha,) cha'n'eil 'n 'ur n-aidmheil ach a bhreng<sup>l</sup>. Cha'n'eil 'ur caithe-beatha d' a reir, tha sibh a toirt maslaidh dhi, 's urrainn sibh a bhi beo ann an sior dhearmad air tigh Dhe, no theagamh ann am peacaibh is miosa no sir. Tha mi feoraich dhibh, a mheud agaibh 's nach 'eil a deanamh teagaisg Dhe 'ur Slanuighir maiseach, am bheil sibh a smuaineachadh gu faod sibh 'ur n-aodhair a ghairm dhiomsa, agus gidheadh nach criothnaich m'anam os 'ur cionn, agus nach guil mi air 'ur son an uaigneas? Tha mi 'g radh a rithis, gu faod e bhi na ni suarach leatsa trusgan d' aidmheil Chrìosduidh a shalachadh, ach tha e na aobhar curam mor do'n mhuinnt<sup>r</sup>er fholaichte aig Dia, a tha 'g osnaich, agus a' glaodhach, agus a' gearan, airson aingidheachd luchd-aidmheil Shìoin.

A nis am bheil ni air bith tuilleadh is urrainn am ministir a dheanamh ach gul agus urnuigh. Tha, tha aon ni eile ann. Thug Dia d'a sheirbhisich, cha 'n e cumhachd gu daoine ath-ghineamhuinn, ach thug e dhaibh ni-eigin faisg air. Tha e eu-comasach do dhuin' air bith a choimhearsnach ath-ghineamhuinn; agus gidheadh, cionnus a tha daoine air am breith do Dhia? Nach eil an t-Abstol ag radh mu beithid sud de neach gu'n robh e air a ghintinn

leis-san 'na gheimhlibh? A nis tha cumhachd air a bhuil-eachadh air a mhinistir le Dia, chum a bhi air a mheas araon 'na 'athair agus 'na mhathair dhaibhsan a tha air am breith do Dhia; oir thubhairt an t-Abstol gu robh e ri saothair airson anamaibh gus am biodh Criosd air a dhealbh annta. Ciod is urrainn sinn a dheanamh ma ta? 'S urrainn sinn a nis a chuis a leigeadh a dh' ionnsuidh an Spioraid. Tha fhios agam gu'n do shearmonaich mi an soisgeul, gu'n do shearmonaich mi e gu durachdach, tha mi gairm air mo Mhaighstir gu'n coimhlionadh e a ghealladh fein. Thubhairt e "Cha phill e 'm ionnsuidh gun bhuil," agus cha phill. 'S ann 'na lamhan-san a tha e, cha 'n ann a'm' lamhan-sa. Cha 'n urrainn mise 'ur co-eigneachadh, ach O Spioraid Dhe, aig am bheil iuchair a chridhe, 's urrainn thusa co-eigneachadh. An d' thug thu riamh fainear anns a chaibdeal sin de 'n Taisbeanadh far am bheil e 'g radh "Feuch tha mi 'm sheasamh aig an dorus agus a bualadh," gu bheil an ti ceudna air a chur fa'r comhair mar an ti aig am bheil iuchair Dhaibhidh? Mar sin, mur dean bualadh an gnothuch, tha 'n iuchair aige, agus 's urrainn e teachd a steach, agus thig e steach. A nis mur buadhaich bualadh miuistir durachdach oirbh an diugh, tha ann fathast fosgladh diomhair a chridhe leis an Spiorad, ionnus gu 'm bi sibh air 'ur co-eigneachadh.

Mheas mi e 'na dhleasnas orm saothreachadh ruibh mar gu 'm b'eigin domhsa a dheanamh, a nis tha mi 'ga thilgeadh ann an lamhan mo Mhaighstir. Cha 'n urrainn gur i thoil-san gu'n saothricheamaid, agus gun chlann spioradail a bhreith. Tha chuis maille ris-san, 's esan maighstir a chridhe, agus nochdaidh an la gu'n d' thainig cuid dhibhse gu bhi 'n 'ur braighdeanaich thoileach do Iosa, an Ti uile-bhuadhach, air dhuibh a bhi air 'ur co-eigneachadh le gras ard-uachdranach, agus gu'n do chrom sibh 'ur cridheachan dha troimh shearmoin an la an diugh.

